

Hall.260.h.2(1-4)

National Library of Scotland



B000416356

$\hat{F}_T^{\pi}(\theta_{\text{obs}})$

CUNNTAS AITHGHEARR:

MU

EACHDRAIDH

NAM

BAISTEACH, ANN AM BREATHANN.

LE

G. H. ORCHARD.

EADAR-THEANGAICHTE

On Bheurla.

LE

GILLEASBUIG MAC PHAIDEIN.


A' CHEUD EARRAN.—O na ceud linntean gu deireadh na
seathamh linn deug.

GLASGOW :

PRINTED BY

WM. GILCHRIST, 145 ARGYLE STREET.

MDCCXLV.



ROIMH-RADH

LEIS AN EADAR-THEANGAIR.

THA,—C'ait an robh na baistich ? Ciod an t-ainm, no na h-ainmean leis an robh iad aithnicht' am measg dhaoine ? Ciod a tha eachdraidh 'g ràdh umpa ? Agus Ciod an suidheachadh anns an robh iad ré nan linntean agus nau ginealach anns an robh pàpanachd a' rioghaechadh ? No 'n robh iad a làthair idir ? nan ceisdean do nach urrainn a' chuid mhòr do luchd-aidmheil an t-soisgeil 'nar latha-ne freagradh a thabhairt. Tha àireamh nach beag an dùil gu 'n d' éirich iad mar a nìos as an talamh, aig àm an ath-leasaehaiddh o phàpanachd, agus nach robh iomradh riamh roimhe sin air an leithide do luchd-aidmheil.

Anns na duilleagan a leanas gheibhear ni éigin do sholus air a thilgeil air na eeisdean a chaidh aig an àm ainmeachadh, maille ri

iomadh ni eile bhuineas do eachdraidh nam baisteach. Chithear annta mar an ceudna gu 'm bheil na baistich mar luchd-aidmheil na 's sinne na pàpanachd fein ; agus gu'n d'fhairslich air cumhachd na pàpanachd cuir as doibh.

Cha-n e iarrtas air bith a chumail na comhstrimu 'n bhaistcadh beò, a dh'aom michum an leabhran so eadar-theangachadh ; ach a chum eachdraidh nam baisteach a thoirt gu beagan tuilleadh soluis am measg nan Gàel. Agus mar an ceudna, do bhrigh gu 'm bheil e dearbh-chinnteach nach urrainn còrdadh, no aonachd, no sìth sgriobtuirail, bhi anns an caglais, am feadh a tha buill agus aodhairean na h-eaglais a cumail gu daingean, beachdan, a tha 'n aghaidh a chéile mu na laghanna lcis am bheil an eaglais gu bhi air a riaghlaigh : agus air an aobhar sin, gur h-c dleasdnas nan uile leis an ionmhuiinn soirbheachadh na h-eaglais, gach fàth a ghabhail air a' chùis a thoirt fa chombhair am bràithre, gus am bi laghanna agus àithcanta dhaoinc (aobhar na comhlistri) air an cuir gu buileach air chùl.

GILLEASBUG MAC PNAIDEIN,

CUNNTAS AITHGHEARR,

MU

EACHDRAIDH

NAM

BAISTEACH, ANN AM BREATUNN.

1. BHA 'n eaglais a bha air a cur ri chéile ann an Ierusalem, air a deanamh suas do 'n dream *a ghabh ris an fhocal le gairdeachas, agus air aidmheil an creidimh, a bha air am baisteadh ann an ainm Chriosd.* Bha na h-eaglaisean eile gu léir air an cumadh a réir na riaghailt so : 1 Tessal. ii. 14 : 1 Corint. xi. 2. B'i so a' cheud eaglais, agus thàinig i gu bhi na h-eisimpleir do linteann ri teachd. "Tha aobhar againn a chreidsinn" arsa *Burgess*, an t-Easbuig, "gu 'n robh na ceud eaglaisean Breatunnach ro chosmhail rithe." Tha *Mosheim* ag radh "nach robh neach air bith air a bhaisteadh (anns a' bhliadhna 50,) ach iadsan a bha air tùs air an teagast anns na puingean bu chudthromaiche do 'n chreidimh Chriosduidh, agus a thug mar an coudna dearbhaidhean a thug toileachadh, gu 'n robh an *inntinnibh diadhaidh*, agus an *ruintean cothromach.*" Tha e air a ràdh gu 'n robh fàs mòr aig an t-soisgeul anns an eilein so, mu bhliadhna Chriosd 127. Agus bha na h-eaglaisean a bh'air an suidheachadh an sin, air an gleidheadh ré ùine fhada, o na mearachdan

a bha cho cumannta 's an àird' an Ear. Bha luchd-aidmheil ro lioninhor an so anns a' cheathramh linn ; agus bha dearbhadh ro gheur air a chur air an seasmhachd le òrduighean *Dhioctrian*. Am feadh, mar so buailteach do choirruich nan cumhachdan saoghalta, dh'f heith iad air an sochairean le ro bheagan greadhnachais. Bha so mu 'n bhliadhna 306. Le deadh-ghean *Chonstantine* thàinig iad am follais a dorchadas, agus dh'f hàs iad saoghalt' agus truaillidh. Anns a' bhliadhna 315, rinn beachdan *Phelagius* mòran millidh anns an eilein ; ach anns a' bhliadhna 410, bhuadhaich dithis dhiadhairean o thir-mòr na Ròinn-eòrpa ann an tabhairt air ais nam faontrach, agus bha iad sin air am baisteadh an dàra uai; *anns an amhainn Allen*, làimh ri *Chester*. Anns a' bliliadhna 440, bha coslas eagalach air Breatunn le cleachdainnean truaillidh ; ni thug orrasan a bha diadhaidh na coilltean a ròghnachadh mar àite-taimh ; ach cha do dhòn so iad o an-iochd nan daoine borba. Dh'aon an seaun luchd-aidmheil truaillidh, tha *Warner* ag ràdh, an diadhachd ri druidheachd seann luchd-aiteachaidh na dùthcha. Tha *Fuller* ag ràdh, gu 'n deachaidh a chuid bu mhò dhiùbh-san a loan r'am fìor-ghloine do *Chornwall*, agus do *Wales* : agus an sin, gu 'n do ghleidh iad an casan ré ùine fliada ; ach gu'm bheil o cosmhail, anns an àm so (550), gu 'n robh a' chuid bu mhò do dh-oag-lais Chriosd ann an *Wales*.

2. Anns an staid eagalaich so, bha cùisean anns an fhearann so, an uair a thàinig *Austin*, am Manach Ròmhanach, do Bhreatunn, anns a' bhliadhna 597.

Le innleachdan eadar-dhealaichte, bhuadhaich e ann an tarruing thairis a chum na h-eaglais sin deich mìle sluaigh. a chaidh a bhlaisteadh *anns an amhainn Swale*, làimh ri *York*, air latha nollaig anns a' bhliadhna 598.

Anns an t-soirbhis so cha robh éigin air bith ; bha gach aon air fhàgail gu saors' a thoile féin. Chaidh

Austin do *Wales*, a chum nan seann aodhaireau agus nan eaglaisean; ach an déigh conaltradh maille ris, dhiùlt iad a thairgse gu clann òg (no mar a's fearr a dh'fhaodar a ràdh, muinntir fo aois) a bhaisteadh. Mu 'n bhliadhna 602, chaidh, an taobh a stigh do dhà bhliadhna, mòran do na h-eaglaisean a lean r'am fìor-ghloin' ann an *Wales*; a sgrios le cumhachd an airm. O 'n àm so thòisich connsachadh guineach, tha *Du Pin* ag ràdh, eadar na seana Chriosduidhean Breatunnach agus iompachain *Austin*, a inhair mu thimchioll ceud bliadhna. Cha b' ann a thaobh teagaisg ach baistidh a bha 'n connsachadh so.

Ni mò's ann mu 'n àireamh do thumaidhean a bha e, do bhrigh gun robh, aon chuid, aon tumadh no trì tumaidhean, seamlhach 'an eaglais na Ròimhe. Cha b'ann mu'n mhodh, *oir's e tumadh ann an aimhnichean, an lochannan, &c., a bha air a ghnathachadh leis na h-uile*, ach mu'n dream do 'm bu chòir dha bhi air a fhrithealadh. Anns a' bhliadhna 600, tha *Mabil-lon* ag ràdh, gu 'n d' thàinig baisteadh, ann an eaglais na Ròimhe, 'nuas gu muinntir fo aois a ràinig seachd bliadhna, agus gu 'n robh *naoidheana air an gairm do na h-uile muinntir fo aois*. Agus tba *Robinson* ag ràdh, gu 'n do stad e aig seachd bliadhna ré linutean. Bha strìochdadhl do 'n chealachdainn so air iarruidh, agus air a dhiùltadh. Cha robh an t-seann eaglais Bheatunnach a' baisteadh muinntir fo aois. (*Faic Ency. Metropol.*)

Bha so air a thoirmeasg dhoibh leis an riaghait a dh'fhàg Criod aig eaglais; Gnìomh. ii. 41. God a bha *Constantine Mor* air a bhreith ann am Breatunn; ged a bha *Helena*, a mhàthair, na bana-chriosduidh eudmhor, agus athair bàigheil ri diadhachd, mur robh na flear aidmheil, cha robh e air a bhaisteadh na leanabh. Ni mò bha *Sexted* agus *Seward*, ged a bha 'n athair, *Sebert*, rigli nan Sasunnach an Ear, na dhuiue diadhaidh. Bha

daoine air tùs gu bhi air an teagascg ann an còlas na fìrinn, tha *Bede* ag ràdh, agus an sin gn bhi air am baisteadh, mar a theagaig Criod ; do blàrigh, “as eugmhais creidimh gu ‘m bheil e eu-comasach Dia thoileachadh.” Ann an ceud bhaistidhean *Austin* tha *Camden* ag ràdh, nach robh éigin air a chuir air aon neach ; ach guu robh au sluagh le creideamh gu dol do ‘n uisge nan dithisibh, agus ann an ainm na Trianaid, gu *aon a cheile thumadh!* Tha eachdraidh *Bhede*, air a’ cheud bhaisteadh a bh’ann an Sasunn, anns na h-uilonithe a còirdeadh ris a’ chunntas a th’againn air baistidhean na h-àird’ an Ear. Cha-n eil dearbhadh air bith o *Ghildas*, no o *Bhede*, gun robh naoidheanan air am baisteadh *re nan ceud sea linntean*. Anns a’ bhliadhna 680, tha *Fabian*, ann an aon do na ceud iomraidihean a th’air an reachd, ag ràdh, Air do naoidhean a blii air a thabhairt a chum na h-eaglais, gun robh e air fheòraich dhoth am b’e *Sergius* athair ; an sin gu ‘n d’thubhairt an naoidhean (aon fo aois), “cha-n é.” Cha-n eil ach dà sheanadh, á naoidéug a’s tri fichead, a’ toirt iomradh air au reachd.

Cha d’thug comhairlo *Nice* iomradh air god a tha comhairloan bu deireannaiche làn detli. Ach a chur crìch’ air a’ chomhstri so rinn INA lagh, anns a’ bhliadhna 700, ag iarraidh gu ‘m bitheadh na h-nile clann air am baisteadh an taobh a’s tigh do dheich là’ fichead d’am breith, agus a bha leagail deich sgille fichead Sasunnach (an t-aon suim ri deich puind f’ hichead Shasunnach a nis), ùbhlaidh air son eas-ùmhlaichd. Agus tha *Collier* ag ràdh ma chaochail an naoidhean roimh ’bhaisteadh gu ‘n robh an cuid air a thabhairt o ’phàrantan mar dhiòladh.

Ach ciod uime ‘m bheil an t-ùbhlaidh air son eas-ùmhlaichd do ‘n lagh so cho trom ? Tha ‘m freagrach deas : tha truimead an ùbhlaidh a’ dearbhadh cho deacair ’s a bha e do ‘n eaglais Shasunnach na seana bhaistich a thiabhairt gu strìochdadadh

d'an reachidan ùra. Cha b' ann air son fuath air bith a bhì 'aig na scana Bhreatunnaich do thumadh a rinneadh an lagh so ; oir tha e air a ràdh (*Davis' Mythol.* agus ann an eachdraidh Shasuinn le *Henry*), gu 'n do thum na druidhean aig an àm so, agus na cinnich uile mu 'n cnairt, an naoidheana air an ùr-bhreith : agus air a shon so bha Breatainn air a ghairm horb.

Tha *Collier* ag ràdh gu 'n robh aonachd air a dheanamh suas eadar an eaglais Shasunnach agus na cinnich anns an reachd so aig *Amesbury*. anns a' bhliadhna 997. Dh'f hàs an eaglais Shasunnach a nis gràineil ann an sealladh nan cinnceach uile, agus ré linntcan cha robh iarmad do dhiadhachd ri 'fhaicinn 'na frithcaladh

3. Pillidh sin ri eaglais Chriesd. a bha nis ri 'faotainn a mhàin ann an *Cornwall*. Cha do mheas na Crioduidhean sin a' ghnè dhiadhachd a bh' anns an eaglais Shasunnach ni air bith ni b'f hearr na Pàganachd ; agus tha *Milton* ag ràdh, nach robh air an aobhar, sinn comunn air bith aca maille riù. Ann a' bhliadhna 702, bha ùghdarras air a thabhairt do aon casbuig, agus do sheachd sagartaibh, a chum an sluagh eas-unshail so thoirt gu strìochdadhl. Chriochnaich a nis a' chomhstri mu 'n bhaisteadhl ann am fàbhar a' chlaidhecamh. O'n àm so thòisich dorchadas cagalach, a lean ré thrì cheud bliadhna ; agus an sin thàinig na baistich a rìs á doilleireachd. Ann a' bhliadhna 1020, tha *Collier* ag ràdh, gn 'n d'thug an staid neo-shuidhichte anns an robh an fioghachd, comas do bhràithrean coigreach teachd agus tàmh innse ; gu'n robh na h-Albigenses agus na Waldenses air a ghairm dhiubh, agus gu 'n robh e air a' chuir as an leth gu 'n robh iad a' sgaoileadh beachdan *Bherenger*. Bha buaidh mhòr a'dol maille riù ann an teagastg an t-sluaigh, araon, bochd agus beartach air feadh an Eilein. Ann a' bhliadhna 1070, tha *Newton* a' toirt cunntais gu'n d'f hàs Uilleam am Buadh'car mì-shuainh-

neach le'n soirbheachadh am measg a' chuid iochdranaibh, agus air an aobhar sin, gu 'n d'riunn e reachd, "a toirm easg dhoibhsan a bha 'g àicheadh a' Phàpa malairt a dheanamh r'a iochdranaibhsan." A chuir stad air mearachdan nan soisgeulaichean sin, tha *Fox (Opus Scintillarum)* ag ràdh, gu 'n do sgrìobh *Lanfranc*, an t-Ard Easbuig, leabhar a choinneachadh *Bherenger*, anns am bheil e cuir na aghaidh mu na sacramaitean. Bha so mu 'n bhliadhna 1141. Bha buidheann eile sluaigh, tha *Lingard* ag ràdh, a bhuineadh do dhream l'ionmhior, eu-céillidh-eudmhor a bha na 'm plàigh ann an taobh tuath na h-Eadait, auns an Fhrainng, agus anns a' Ghearmailt, agus ris an d'thubbliairt iad "fior-ghlanaich," a thàinig, tha o air a ràdh, do Shasunn. Tha *Usher* a' gairm dhiubh Pòlaich, ach ag ràdh, mar an ceudna gu 'm b'iad na h-aon daoine iad ris na *Waldenses*. Bha so mu 'n bhliadhna 1150. Bhuidhinn iad grunnd, agus sgaoil siad iad fèin agus an teagasgan thairis air an Roimi-eòrpa uile. Shaoithrich iad a chum anamaibh a thabhairt gu Criod; agus bha iad air an stiùradh le focal Dé a mliàin. Chuir iad cùl ris na reachdan Ròinneach gu h ioulan. Dliùlt iad naoidheanan a bhaisteadh, agus shearmhnaich iad an aghaidh a' Phàpa. Bha deich thar fhichead dhiubh siu air an cuir gu bàs làimh ri *Oxford*, agus bha chuid eile dhiubh ag aoradh ann an uaigucas gus an d'thàinig an dara Eanruig chum a' chrùin, anns a' bhliadhna 1158, agus an sin, do bhràigh sìobhaltachd a laghanna, thainig iad a rìs ait follais.

Chunnacas a nis, anns a' bhliadhna 1176, gu 'n robh na h-uiread do choimhthionalaibh do òrdugh nan *Albigenses* ann an Sasguin. Tha *Collier* ag ràdh, c'ait air bith an do bhuadhaich an saobh-chreideamh so, gu 'n robh na h-eaglaisean, an dara cuid gu maslach air an tréigsinn, no air an leagail-sios; agus tha *Hobden* ag ràdh, nach robh naoidh-

eanan air am baisteadh leo. Thug na comhstridhléan, a bha eadar nachdrain rìoghail na rìoghachd so agus na h-àrd easbuigean, ré an dàra agus an treas linn deug, comas do na baistich am beachdan a sgaoileadh gu ro fharsuinn, gun neach air bith g'am bacadh. Anns a' bhliadhna 1337, do bhrìgh nach robh an claidheamh ann an làimh na Cléire, rinn iad feum do na friadhairean, a chum le searmonachadh gu' n ceannsaicheadh iad an saobh-chroideamh: ach ghabh an sluagh gràin diubh air son an droch gnàthachaideadh.

4. Anns a' bhliadhna 1315, thàinig Bhaltair Lollard (Dùidseach) do Shasunn, agus leis-san bha na baistich, anns an àite sin, gu mòr air am beothachadh, air an neartachadh, agus air am meudachadh. Bha e comarraighe, tha *Mosheim* ag ràdh air son a dhoas-bhriathrachd agus a sgrioblaidhean. Bha e na aodhair ainmeil am measg nam *Begherds*, anns a' Ghoarmait; daoino bhaist as ùr tha *Wall* ag ràdh, na h-nile thàinig thairis a chlum an cuideachd. Ann am beachd, bha e comhionnan ri Peadair am Brùidheach. Mu'n àin so, (1338,) thàinig cnideachdan do na h-*Waldenses*, a bha na 'm Fidheadairean, do shiorramachd *Norfolk*. Cha d'rinn an sluagh so ach beagan faruim, ged a bha iad, ach beag, anns gach dùthaich do'n Roiun-eòrpa. Tha Hallam ag ràdh, gu'n robh Lollardaich air a ghairm dhiubh nis; ach gu'n robh na h-aon bheachdan acca mu dhiadhachd ris na *Paterinich*, ris na *Picardaich*, agus ris na *Waldenses*. Tha Mac-an-Toisich ag ràdh, gu'n d'éirich ann an Sasunn, a nìos gu ruig a' bhliadhna 1340, mu thimchioll fichead do dhaoine maitho, d'am bu sheirbhis a bhi searmonachadh an t-soisgeil, air chor 's gun robh am fonn air ullachadh fa choinhair luchd athleasachaideh ri teachd.

Fhuair na baistichi, a nis, lo seòltachd, am boachdan an aghaidh pàpanachd a-thilgeil sgrìobhata ann an rathad buill do thighilh na Fàrlain-

aid. Aig an àm so (1350), bha leabhar air a chuir a mach, a thàinig gu cinnteach o pheann Lollardaich, d'am b'ainm, "Urnuigh agus Gearan an Treabhaiche." 'Se obair baistich a th'ann, do bhrìgh gu'm bheil e 'g iarraidh, "seadh, seadh, agus ni h-eadh," a ghnàthachadh ann an conaltradh; agus baisteadh an déigh teagaisg; mar ann an Gniomh. ii. 38. Tha guth an leabhair so gearanach agus searbh an aghaidh nan sagairtean. Tha e dìteadh dhroch-bheirtean, agus a' toirmeasg olc iocadh air son nilc. Tha *Du Pin* ag ràdh, anns a' bliadhna 1368, gu'n robh deich mearachda fichlead, ann an nithibh spioradail, air an cnir as leth an t-sluaigh ann an coimhearsnachd *Chanterbury*: b'e aon diubh sin gun robh e comasach do naoidheanan bhi sàbhailt as eugmhais uisge bhaistidh. Agus tha *Wall* ag ràdh, nach do bhaist neach air bith naoidheanan aig an am so, ach air son slàinte shiorruidh.

5. Anns a' bhliadhna 1372, dh'éirich *Wyeliffe* mar fhear ath-leasachaiddh; neach a fhuair a bheachdan air nithibh spioradail o na Lollardaich.

Tha *Du Pin* ag radh, gu'n robh a bheachdan mu'n bhaisteadh air an dìteadh aig comhairle na Friadhaire-dubha. Ach tha *Fox* a' toirt fianuis, gu'n do chuir e 'bhriathran an òrdugh le leithid do sheòltachd 's gu'n do mhaothaich agus gu'n do lag-aich e cravadhas a nainhdean. Tha *Lingard* ag ràdh, gu'n robh na Lollardaich a bha dol mu'n cuairt leis an t-soisgenl gu h-onarach air leth o *Wycliffe*. Bha iadsan da rìreadh soisgenlach. Anns a' bhliadhna 1375, air do'n Ròimh agus do Shasunn a bhi thar a chéile, fhuair iua baistich cothrom fàbharach air son am beachdan a dheanamh aithnichte; agus nan oidheirpean bha aonta mòran do na h-uaislean leo. Bha iad a nis air meudachadh: thàinig tuillidh a's leth a' chinnich gu bhi nan Lollardaich; seadh, clìònlnidaich iad Sasunn uile. Anns a' bhliadhna 1389, tha *Rapin* a' toirt cunntais, gu'n

d'rinn iad suas coniunnaibh air leth, a réir nan sgriopturan. Anns na h-eaglaisibh sin bha na bràithrean uile comh-ionnan : bha comas aig gach aon searmonachadh, baisteadh, agus aran a bhriseadh. Tha *Fox* a'toirt fianuis, gun robh iad aointe ann am beachd mar aon duine. Agus tha *Pecock* an t-Easbuig, ag ràdh, gun robh *Biobalaich* air a thoirt mar ainm dhoibh, do bhrìgh nach giùlaineadh iad le dreuchd air bith nach 'eil air a h-àithneadh ann am focal Dé..

Chum iad beachd *Bherenger* air baisteadh naoidheanan, agus cha tugadh iad an clann a chum na h-eaglais gu bhi air a'm baisteadh. Thug iad an "iuchair gu h-ifrinn" mar ainm air an reachd ! Dhùisg meud an àireamh, agus am fuath daingean do'n eaglais Shasunnaich, an naimhdean gu reachdan searbh a ghnàthachadh ; agus anns a'bhliadhna 1400, bha lagh air a dheanamh a' dìteadh nan Lollardach gu bhi air an losgadh gu bàs ! Dh'f hàs iad ro lionmhòr ann an *Norfolk*, agus an sin dh'thuiling iad gu goirt. Air do *Bhonner* fheàraich, c'ait an robh an eaglais roinnt àm *Luther* ?" tha *Fox* ag ràdh gu'm faoidte 'm freagràdh so thoirt dhà, "am measg nan Lollardach, ann an sgìreachd *Norwich*." B'e Sir Uilleam *Sawtre* an ceud mhartarach fo'n lagh so. Bha e cumail bheachdan baisteach. Bha so anns a'bliadlina 1401. Fathast bha na Biobalaich a' meudachadh, agus air fàs cunnartach do'n eaglais. Tha e air a ràdh, anns a' bhliadhna 1413, gu'n d'ràinig an àireamh ceud mìle ! Bha Sir Iain *Oldcastle*, na Moirear Chobham, (a thubhairt, "tha mi creidsinn le'm uile chridhe gu'm bheil sàcramat-ean Chriosd feumail do Crioduidhean creidmheach uile, ach an aire ghnà thoirt d'a so, gu'm bi iad gu cothromach air am frithealadh, a réir ceud oilean agus òrdugh Chriosd,") seadh, bha 'n duine maith so, tha *Bale* a'toirt fianuis, air a chuir an làimh air son a riuntean diadhaidh agus oidheirpean, agus

air a chur gu bàs an-iochdmhor, anns a' bhliadhna 1417. Bha na sgriobturan a nis air an toirmeasg, na tighean-coinueamh uile air an dùnadh; bha tûr (Prìosan), nan Lollardach air uidheamachadh; bha misneach air a thabhairt do chùirtean dùthcha (*local inquiries*), air son na saobh-chreidmich a thòrachd; agus ann an sgìreachdan *Norfolk*, *Lincoln*, *Hereford*, *Kent*, agus *Middlesex*, dh'fhuiling na baistich 'ge goirt-gu crìch na linn sin.

6. Air do na searmonachaireau bhi air an clò-bhualadh, dh'éirich *Colet*, *Wynner*; agus daoine eile a chum searmonachaidean a' bhàllaiseach; ni chuidich leis na Biobalaich, agus a' réitich an t-slighe fa chomhair nan atharrachaidhean a chaidh a'dheanamh leis an ochdamh Eanruig anns a' bhliadhna 1505. Ann a' bhliadhna 1527, bhrùchd solus a steach air a' chinneach Shasunuach le Tiomnadh Nuadh *Thyn-dale*.

Air do'n rìgh agus do'n phàpa bhi thar a chéile, anns a' bhliadhna 1534, bha e air a threòrachadh gu fuasgladh agus misneach a thabhairt do na Lollardaich anns gach àite; agus thaom am bràithrean, maille ri coigrich do gach barail, do Shasunn, a shealbhachadh saorsa, agus a neartachadh fìor dhiadhachd. Bha leabhar a bhuineadh do na Lollardaich, d'am b'ainm "SUIM NAN SGRIOTURAN," air a rannsachadh leis an àrd-easbuig: dhìt e iadsan a bha g'a sgaoileadh air son a bhi 'g àicheadh baisteadh na h-eaglais. Ann a' bhliadhna 1535, dh' fhuiling ceithir bràithre-deug *Mennonach* bàs gu toileach; agus a nis bha 'n t-fàinm tàireil sin, "Lollardach," air a chur as àite leis an ainm so nach bu lugha tair, "ana-baisteach." An àite na marbhaidhean sin a chuir bacadh air am beachdau, is ann a threòraich iad daoine g'an rannsachadh: agus ghabh a' chléir a leithid do fhuathas 's gun robh comhchruinneachadh air a ghairm aig an robh seachd-deug a's tri fichead d'am beachdan mar mhearachd-aù air an dìteadh, agus innleachdan air an dealbh

a chum an ceannsachadh. An déigh bàis *Anna Boleyn** agus *Wolsey* bha 'n cùird air an cruidhtheannachadh. Bha 'm beachdan air an toirt a làthair ann an tigh uachdrach na Pàrlamaid, agus reachdan air an dealbh a chum "ana-baisteadh a thabhairt gu riaghailt." Bha cùirtean air an gradshuidheachadh anns gach sgìreachd air son am faotainm a mach, agus na h-uile leabhar air a bhaisteadh a thugadh do'n dùthaich o cheann ghoirid air an dìteadh. Ach cha do chuir na reachdan sin na'n tàmh iad. Dhìt iad fathast eaglais Eanruig, agus rinn iād fòchaid air uile oidheirpean gu cùisean ath-leasachadh.

Tha *Strype* ag ràdh, "phian na baistich an eaglais, agus thagrath iad gu dàna an còraichean ann an ionadaibh follaiseach." Bha na baistich a bh'ann am priosan air am fágail an taobh a mach do'n mhaiteannas choitchionn a thugadh seachad anns a' bliadhna 1539. Bha na baistich Dhùidseach fathast a' taomadh do *Shasunn*: agus loisgeadh àireamh bheag do na *Donataich* sin air an urthumadh (mar a tha *Fuller* an t-eachdraiche a' gairm dhuibh) ann an Achadh-a-ghobha (*Smithfield*), air son an dìlseachd. Bha na h-uile leabhar ana-baistich a rìs air a dhìteadh, agus òrdugh air a thabhairt do'n luchd-riaghlaidh an lagh a chur an cleachdadadh. Na dhéigh so bha geur fhaire air a chumail: agus eadar an t-àm so agus bàs Eanruig, anns a' bhliadhna 1547, chuir e fo ùbhladh, loisg e, no dh'fhògair e as an rioghachd, a dhà-dheug a's tri ficead mile do'n t-sluagh so!

7. Ri linn Iomhair bha na laghanna peanasach air an toirt air an ais; bha na priosain air an tilgeil fosgailte, agus mòran dhiubhsan a dh'fhògair iad fèin air pilleadh. Bha'n t-Eilean a nis air a roinn na thrí earannan do luchd-aidmheil; na baistich, oaglais

* Ban-Righ mhi-fhortanach an duine bhruideil sin, Eanruig an t-ochdamh.

Shasunnach na Ròimhe, agus na h-ath-leasachairean geur-theann à *Genebha*. Bha aca sin uile saorsa gu labhairt agus clò-bhualadh. Bha o g'un dàil air a chur as leth nam baisteach gun robh iad a' deanamh dheisciobul; agus tha *Burnet* ag ràdh, gu'n d'fhàs iad ro lìonmhòr ann an Sasunn. Do bhrìgh nach robh comas a' chlaidheamh aig a' chléir, sgriobh iad am beachdan mu'n bhaisteadh; ach thubhairt na baistich riu eir ais, "tha leanaba do rioghachd Chriosd as eugmhais uisge." Lucas xviii. 16. Bha na baistich cho lionmhòr 's gu'n robh e air a ràdh gu'n robh cuig ceud dhiubh chòmhnuidh ann an aon bhaile. A nis, do bhrìgh nach do fhreagair leubhraighean a' chrioch a bh'anns an amharc, bha ùghdarras air a thabhairt do *Chranmer* air son an ceannsachadh: ni leag fulangais air mòran. Dh'fhag maithoanas coitchionn na bhliadhna 1550, a rìs a mach na baistich. Bha na h-eaglaisean a bh'ann an *Kent* air an cuir troimh-chéile, agus dh'fhuiling cuid do dhaoino aiumeil.

8. Air do Bhan-righ Mairi* teachd a chum a' chrùin, anns a' bhliadhna 1552, bha na reachdan siu uilo bha fabharach do'n chreidcamh ath-leasaichte air an tabhairt air an ais. Dh'fhàg mòran an riogh-aclid dhiubhsan nach strìochadh; ach leig cuid ris (a ghnàthachadh briathran *Chalbin*), faoin-mheas na h-eaglais Shasunnaich; ni dhùisg gamhlas comhairle Màiri. Ann a' bhliadhna 1554, bha innleachdan air an dealbh a chur stad air ana-baisteadh; gidheadh, thubhairt na bràithre sin gu dàna, anns a' cheud àite, gu'n robh baisteadh naoidheana nco-sgriobturail: anns an dara àite, gu'n do thòisich e le pàpanachd; agus ainn an treas àite, gu'n d'àithn Chriosd gun rachadh teagastg air thoisoach air baisteadh. Chaith fearg Màiri e fèin gu sònruichto air au luchd ath-leasachaidh.

9. Ann a' bhliadhna 1588, gheall rioghachadli

† Mairi fhuilteach Shasunn.

Elisabet saorsa ; ach bha beachdan troimh-chéile nan cinneach mn dhiadhachd, 'na barail, a' tilgeil smal air a h-ùghidarris. Air dhi gun bhuadhachadh ann an tosd a chur air na baistich le gairm-fhollaiscach (*proclamation*), thug i àithne dhoibh uile, anns a' bhliadhna 1560. an rìoghachd fhàgail an taobh 'stigh do aon là thar fhichead. Chnm a' chuid bn mhò dhiubh 'in beachdan ann an dorchadas. Air do choigrich a bhi air am fulang ann an Sasunn, tha *Fuller* ag ràdh, "thaom teaghlaich a' ghràidh" (Baistich Mhennonach) "ann, agus sgaoil siad iad féin gu h-anabarrach." Bha 'n àireamh mòr ann an *Norfolk*, agus rinn iad suas comunnaibh ann an iomadh àite. An déigh a bhi air an cur as ré shcachd bliadhna dcug, chaith teintean Achadh-agħobha 'ris a bheothachadh ; agus dh'f huiling dithis bhràithre Mcnnonach. Neartaich luchd-imrich as an Olaind na h-eaglaiscan ; agus bha tighoan truacanntais, 'sesin, tighean-coinneamh a bhuineadh do'n "dol-air-leth" (*dissent*), air am fosgladh ann an iomran àitean. Ann a' bliadhna 1600, thàinig a' chuis gu bhi cho searbh an agbaidh nam baisteach, maille ri gairm fhollaiseach na bliadhna 1595, ag òrduchadh do'n iomlan-diubh an rìoghachd fhàgail, 's gur beag nach robh "dol-air-leth" air a sgrios ann an Sasunn. Tha *Brandt* ag ràdh, ged a bha na baistich air am fuadach a Sasunn 'na là-san, gu'n robh lcithid a dh'aireamh do eadar-dhealachadh gnè ann diubh, 's gur gann bn chomasach do neach air bith an àireamh a dheanamh suas. (Faic Eachdraidh 'n ath-leasacnaidh, a chéid earrann, agus taobh duilleig 336.) Dh'haodta iomadh fianuis aimmeachadh a dhearbhadh caithe-beatha ionmholt a gus naomha nanceud bhaisteach. Tha *Erasmus* ag ràdh, anns a' bhliadhna 1529, "ged a tha na h-anabaistich ro llonmhor, cha-n eil seilbh aca air tighean-aoraidh air bith. Tha na daoino sin airidh air cliù os ceann chàich air son neo-lochdaichead an caithe-beatha ; ach tha fòirncart air a dheanamh orra lcis

gach gnè eile." Agus tha *Bullinger* ag ràdh, "na Eachdraidh air ana-baisteadh, "Abrah daoin' eile an ni 's àill leo mu na h-ana-baistich cha-n f'haic mi féin ni air bith annta ach stuamachd : cha chluinn ini ni air bith uatha ach nach faod sinn mionnachadh, nach faod sinn eucoir air bith a dheanamh, gu'm bu chòir do na h-uile bhi diadhaidh agus naomha nan caithe-beatha ; air an aobhar sin cha léir dhomh lochd air bith annta. Tha iad a' gnathachadh seadh agus ni h-eadh nan conaltradh." Tha dearbhaidhean do'n nàdur cheudna air an tabhairt air an aghart le *Commenius*, le *Scultetus*, le *Besa*, le *Cloppenberg*, le *Cassander*, le *Heiden*, le *Fyrn-bec*, le *Cocceius*, le *Burnet* an t-Easbuig, leis an damh *Wall*, leis an Ollainh *Haweis*, leis an Olamh *ingard*, agus le Sir Seumas Mac-an-Tòisch.

AN II. EARRANN.

BHO'N T-SEATHAMH LINN DÈUG GUS AN T-AM
A TA LATHAIR.

5. ANNS a' bhliadhna 1600, bha reachdan na Ban-Righ nan aghaidh-san nach strìochdadadh do'n eaglais Shasunnaich cho crùaidh-theann air an giùlan air an aghaidh le cuid sheirbhiseach, nan eud air son a' ghnè chreidimh sin, 's gu'm bheil e neo-chinn? Am biodh e comasach ann an toiseach na seadh-amh linn deug deadh choimhthional a chruinneachadh ann an ceann air bith do'n rioghachd. Tha e cosmhail gu'n do leig an sluagh a nis, ann an cumantas, dhiubh bhi 'g agairst còir sam bith air saorsa, aon chuid aimsireil no spioradail; agus bha 'n cinneach, lo dìth luchd-teagaisg spioradail, a' pilltinn gu luath 'chum na staid bhorb anns an robh e air tùs. Aig bàs Elisabet, anns a' bhliadhna 1603, bha Seumas, righ Albainn, air fhàilteachadh a chum na righ-chathrach. Ann an Albainn dh'fhairich e gu'n robh chomhairlean air am bacadh le cléir a' chinnich sin; agus na shuidheachadh ùr, dhiùlt mòran diubh sin an làmh a chuir r'a reachdan dhiadhachd. Thubhairt Seumas ris na spioraid-lùbadh sin, "Tha dreach ana-baisteach gu troi air bhur faicill." Na dhéigh so dhiùlt an righ-fabhar air bith dhoibh-san nach strìochdadadh. (*Non-conformists.*)

6. Bha nis còraichean reachdan agus ghnàthan na h-eaglais Shasunnaich, agus eaglais na Ròimhe, air an rannsachadh le daoine aig an robh tàlannan agus fiosrachadh mòr. Aon ni dh'ëirich o so, gu'm

b'iad na baistich an t-aon bhuidheann do luchd-aidmheil a fhuaradh, an aghaidh nach robh cumhachd air bith aig na h-argumaidean a bh'air an gnàthachadh an aghaidh reachdan air nach 'eil iomradh anns an fhìrinn. Dhùisg am fianuis dhaingeann agus do-aomadh an aghaidh cleachduinn a bh'air aideachadh leis gach cuideachd eile suas mì-run an luchd comhstri uile. A chum cleachduinn crathaidh an uisge air naoidheanan fhùrinneachadh, chuir na Briuthanaich (*independents*) as leth nam baisteach gu'n robh iad *ag eigheach cogadh follaiseach an aghaidh cumhnanta siorruidh Dhe; agus gu'n robh iad a' murt anma leanaban agus chiochran le sculachan follaiseach na slainte dhiultadh dhoibh.** Anns a' bhliadhna 1604, thug Mac-a-Ghobhann, duine measail, agus aon dhiubh-san a bha gabhail na làimh thoisich am measg nam baisteach, freag-

* Cha eabh, tha sinn a' creidsinn, argumaid air bith toirt air aghaidh air son crathaldh uisge air leanaban, nach 'e'll calg-dhireach an aghaidh páirt éigin do'n fhìrinn. 1. Tha na h-*independents* an so ag ràdh, gu 'm bheil na h-orduighean na 'n seulachan alr slàinte; ach anns an t-soisgeul cha-n 'eil lomradh air seula sam bith ach obair an Spioraid Naoimh. Eph. i. 13, iv. 30. 2. Their cuid eile, "tha baisteadh naoidheanan g' an cuir ann an seilbh air maitheanas peacaidh;" ach cha-n 'eil aig naoidheanan ghlomhan peacach gu maitheanas fhaotainn annta. Rom. v. 14, 15; Mata. xviii. 3; 1 Cor. xvi. 20. 3. "Tha 'n cùmhnant' a rinneadh rl Abram comhionann ri cùmhnant nan gràs;" ach tha 'n dara aon siorruidh, agus air a dheanamh ri Criod (Tit. i. 2; Eph. i. 4), agus tha e clànteach do 'n t-slol spioradail uile, Rom. iv. 16; cha robh 'n t-aon eile air a thabhalrt gus an robh Abram 99 bliadhna dh'aois, agus 24 bliadhna an deigh dba bhi air gabhail rls. 4 "Tha baisteadh ann an àit' an tiomchloil-ghearraidh;" ni h-eadh, bha 'n dara aon air a chuibreachadh ri firionnaich. Gen. xvii. 10. Tha na fiachan fo 'm bheil e cur, Gal. v. 2, 3, agus a bhrìgh mar shamhla, Rom. ii. 28; a toirt na breige do na briathra, Gal. iii. 28. 5. "Cuirdidh baisteadh an leanabh ann an cùmhnantan nan gràs." Air do na leanaban fas tha 'n ghlomhara peacach a' dearbhadh nach 'eil na briathra so flor, do bhrìgh gu 'm bheil an cùmhnant sin neo-chaochlaidheach, 2 Sam xxiii. 3; agus sonas nan ulle alg am bheil an ainm an sln cinnteach. Eabh. xii. 23; Taisb. xiii. 8; Eoln. vi. 39, x. 28. 6. "Tha creildeamh nam párantan na ùghdarras do 'n reachd;" "as eugmhais creldimh (pearsanta) tha e eu-comasach Dia thoileachadh," Eabh. xl. 6; Rom. xiv. 23; Mata. iii. 9. 7. "Tha còir alg leanaban phàrantan creidmheach air balsteadh do

radh do'n chasadid neo-chothromaich so, ann an leabhar d'am b'ainm ' CLIU A' BHEATHAICH.' Tha e gnàthachadh briathran mar a loanas, a leigeil ris beachdan nam baisteach a bh'ann 'san là sin, agus an aobharan air son sgaradh o luchd baistidh leanaban. " *Biodh e aithnichte, air an aobhar sin, dhoibhsan uile ris an do chuir sinn cul, gu'm bheil sinn 'ga meas a thaobh an seol-riaghlaidh cho dearbh na'n striopachaich aon chuid r' a mathair an eaglais Shasunnach no r' an sean-mhathair eaglais na Roimhe, an leasradh 'mach o 'n d' thainig iad. Tha 'n eaglais fhior air a deanamh suas do chruthachadh nuadh, baiste do 'n Athair, do 'n Mhac, agus do 'n Spiorad Naomh ; ach an eaglais bhreugach do naoidheanan baiste,*" &c.

bhrigh gu 'm bheil iad naomha :" ach tha focal Dé cur an céill gu 'm bheil na h-uile th'air am breith, seadh na h-uile dhiubh, mi-naomha, Job, xxv. 4; Salm. li. 3; Rom. iii. 9; Eph. ii. 3. 8. " Tha còir aig clann a' gheallaideh air baisteadh :" ach cha-n iad clann na fèòla clann Dé, Rom. ix. 8 ; agus dhoibhsan d'am buineadh na geallanna air tùs, bha baisteadh air a dhìultadh mar do chreid iad, Lucas, iii. 8. 9. " Tha leanaban air an naomhachadh le baisteadh." Cha-n 'ell e 'n comas doibh a bhi naomha chum an t-ordugh a ghabhai, agus fathasd tha iad air an naomhachadh ieis. Agus a thuilliadh air sin, cha-n 'eil na sgriobtura toirt iomradh air naomhachadh sam bitheach ach e sin a bhulneas do oighreachan glòire, 2 Tesal. ii 13 ; 1 Peter, l. 2. 10. " Le baisteadh tha leanaban air an deanamh nan oighreachan air nèamh :" ach tha focal Dé ag ràdh gu 'm bheisi naoidheanan nam buill d'a rioghachd as eugmhais uisce. Lucas, xviii. 16 ; Mata. xviii. 3. Tha iuchd baistidh naoidheanan ag ràdh gu 'm bheil focal Dé na riaghailit lomlan gu creideamh agus cleacbdunn a stiùbhradh ; gidheadh tha iad a dh'alndeoin a ceangai an leanaban ri gnè aldmheil mu 'n urrainn lad roghainn a dheanamh ann an nl air bitheach. Tha iad a' cur an céili gur e rioghachd spioradail a th'ann an rioghachd Chrlosd ; gidheadh tha iad a' sparradh chuspairean fèòlmhor innte gun tàmh, ann an aghaidh an fhocail, 2 Corint. vi. 4. Agus ged a tha iad le 'm bilean ag ràdh, gu 'm bheii an eaglais air a deanamh suas dhlubhsan a th' air an ath-ghineamhuinn, gidheadh alr dhoibh an comharran spioradail a thoirt do na h-ainidiadhaidh dhoibhsan a tha dearbhadh a bhi nan amaldain, nan luchd àicheidh na frìlnn, agus nan luchd geur-leanmuinn ; tha iad a deanamh comunn saoghalta dhith, agus ag aonadh anns a' chieachduinn leanabaidh le Pàpanaich, le Mahometanaich, agus le Pàganaich. Bha 'n dream so mu dheireadh a' crathadh uisce an naoidheanaibh fada mu 'n d' rugadh Eoin Baiste.

7. Bha na h-oidhirpean a bha luchd baistidh leanaban a' toirt air beachdan nam baisteach anus a' bhliadhna 1610, le bhi 'g an cuir ann an droch cruth a thaobh slàinte leanaban, comasach gu leòir air coire dheanamh d' an aobhar. Chuir na bràithrean *Mennonach*, no teaghlaich a' ghràidh, daoine ghléidh an àite anns an rìoghachd ré leth-cheud bliadhna, iarrtas a chum an righ a thaobh a' chliù dhocharaich so, an dùil gu 'n gnàthaicheadh e chumhachd a chum an dion; ach bha 'n ùrnuigh air a cuir an neo-bhrìgh, agus, dh'fhàs an staid fathsad ni bu chunnartaiche. Anns a' bhliadhna 1611, agus air a' cheathramh là deug do mhìos meadhonach a' gheamhraidh, bha *Mr Wightman*, aon do na baistich, air a dhíeadh air son àireamh do mhearachd-an creidimh (mar a thubhairt iadsan riù), agus air a losgadh goirid an déigh sin. 'S e baistich a bh' anns na ceud mhartaraich agus anns na martaraich dhereannach ann an Sasunn. Chaith cuid dhiubh 'nis air imrich do dh-America, agus tha iad fo dheadh chliù anns an àite sin. 'S ann aig Mac-a-Ghobhann 's aig a bhràithre bha 'n toiseach ann an sgrìobhadh an aghaidh geur-leanmhuinn. 'S e b' ainm do 'n leabhar so, "GEUR LEANMHUINN AIR A FEUCHAINN AGUS AIR A DITEADH." Bha e air a choisrigeadh "do na h-uile tha ann am firinn a' miannachadh soirbheachadh *Ierusalem* agus sgrios *Bhabiloin*." Tha e air a dheadh sgrìobhadh; tha e 'g ainmeachadh na fulangais fhada agus chlaoidechte d' an robh na baistich rùisgte, agus an fhoighidinn leis an do ghiùlain iad leo. A chum am beachdan fathasd a sheasamh, bha leabhar Dùidseach air eadar-theangachadh anns a' bhliadhua 1618, d' am b' ainm. "AM BAISTEADH, GU COTHROMACH AGUS GU SIOMPLAIDH AIR A MHINEACHADH." Dhùisg na nithe 'bh' anns an leabhar brieag so fuathas mòr, agus bha buaidh air a thabhairt air a chomhairle gu gairm-fhollaiseach (*proclamation*) a chuir a mach

an aghaidh nam baisteach maille r' an leabhraich-ean. Anns a' bhliadhna 1620, thog iad aon uair eile 'n cùis gus an righ ; dh'aidich iad gu duineil na nithe anns an robh iad air leth ; leig iad ris na cruidh-chàsan agus an sàrachadh a dh'fhuiling iad fo 'riaghladh, agus dh'asluich iad gu 'm biodh an cùird ni éigin air an lagachadh : achr bha 'n iarritas gun fheum air bith.

8. Anns a' bhliadhna 1625, thàitig a' cheud Tearlach a chum righ-chathrach athar. Bha cuid-eachd nam fìor-ghlanach a nis ann an seilbh air neart agus meas mòr am measg fir-ionaid an t-sluaigh. Cha do chuidich an ni so co dhiù a bheag leis na baistich, agus thug an cruidh-chàsan air mòran fasgadh iarraidh ann an dùthchaibh coigrich. Am measg na muinntir sin, anns a' bhliadhna 1630, bha Ruairidh Mac Uilleam, neach a thog eaglais bhaisteach ann an Eilean *Rhode* (a nís, aon do mhòr-roinnean a' chomh-bhoinn Americanaich) agus le caithe-beatha gun sannt, a chuir roimh na cinnich mu 'n cuairt a' cheud eisampleir do shaorsa aimsireil agus spioradail. Dh'fhàs an sluagh ann an Sasunn a nis ro neo-shuidhichte, agus le cùisean anns an staid so chuidich na conspaidean mu nithe spioradail. Am measg nan leabhraichean a thàinig o 'n chlò-chlàr bha aireamh mn thnmadh agus mu dhòrtadh ann am baisteadh. Thug an rannsachadh a dh'cìrich o so air beachdan nam baisteach a bhi gu farsuing air an sgaoileadh ; agus dh'aon mòran do luchd baistidlí leanaban iad féin r' an eaglaisibh, a bh' air an cuir ri chéile air a' phrionspal, gu 'm bheil *aonachd ann am beachd* do-sheachnuadh, ma ghleidhear òrdugh sgriobturail. Anns a' bhliadhna 1633, bha na comainn sin air an gairm gu mòran dheuchainnean fhulang ; agus bha 'n cinneach le 'm fulangasaibh, maille ri fulangais na muinntir nachlì strìochdadadh (*Nonconformists*) an cumantas, air a bhrosnachadh gu cuir as do 'n eaglais Shasunnaich agus do 'n rìoghachadh.

9. Thug an staid troimh-chléile anns an robh an ciuneach anns a' bliliadhna 1640, comas do na baistich am beachdan mu nithe spioradail a chraobh-sgaoileadh le tomhas do shaorsa. Air do 'n eaglais Shasunnaich a cumhachd a chall, fhuair cuid comas, agus threòraicheadh cuid eilo gu focal Dé ~ ranns-achadh iad féin; agus bhris beagan soluis a steach air an t-sluagh a bh' air a shealbhachadh *a mhain an sin*. Air do 'n fhirinn a bhi air a sgaoileadh as eugmhais cuibhrich, dh'fhàs na h-eaglaisean baisteach gu mòr. Tha iomradh air a thoirt air cuid d' am ministeirean mar dhaoine fòghluimte agus measail, eadhon le 'n naimhde. Ann a' bliliadhna 1641, tharruing am meas fo 'n robh iad a mach mòran do leabhraichean beaga guineach o'n mhuinn-tir aig nach robh arm air bith eilo gu 'chluich; ach dhòn siad iad féin ann an leabhar d' am b' ainm "TUMADH AIR A MHINEACAADH." Lean leabhraichean eil' air a luirg, agus ghabh an teagasg sgriobtuirail, *tumadh nan creidmheach*, greim teann air inutinn an t-sluagh Shasunnaich. Bha 'n t-òr-dugb gu *follaiseach* air a theagasg agus gu *follaiseach* air a fhritbealachadh. Ghairm an soir'bheachadh so 'mach luchd baistidh nan leanaban; agus ri bliadh-nachan, bha reusonachadh follaiseach aig àmaibh suidhichte air a ghiùlan air aghaidh eadar ministeirean Crioduidh mu 'n inhodh air am bu chòir, agus mu 'n dream d' am bu chòir am baisteadh a bhi air a fhritbealachadh, ni thug fàs mòr air na bràithrean baisteach. A chum iompachain a dhaingneachadh na 'm beacbdan sgriobtuirail, agus a dhearbhadh do 'n t-sluagh cho reusanta 's a bha 'n teagasan agus an cleachduinn, chuir na h-eaglaisean Lunnainneach a mach leabhar aid-mheil creidimh, ann an dà earrainn deug a 's dà fhichead. Chuir *Mr Cornwall* mar an ceudna mach a leabhar d' am b' ainm, "UGHDARRAS RIOGHAIL IOSA AN RIGII AIR FH'RINNEACHADH." Bha

'n leabhar so air a choisrigeadh do thigh a chumanta (*House of Commons*), agus air a roinn air a bhuill aig an dorus anns a' bhliadhna 1643. Chaidh buaidh an cois nan oidhirpean sin. Tha Nial ag ràdh gu 'n "d'fhàs na baistich gu h-ion-gantach." Bha mòran diubh anus an armait; seadh, "b' iad na baistich roghainn *Oliver* ann an cath;" agus tha *Bagster*, a bha na shearmonaiche do fhear-dòn a chreidimh, (*Protector*) ag ràdh, "is cuideachd do dhaoine diadhaidh, iad."

10. B'e aon aobhar, a réir baraileach, a thug orra soirbheachadh, am fuath bh' aig a' chuid bu mhò do bhi tumadh naoidheanan air an ùr-bhreith, air son nan tuiteamasan mi-thaitneach a thachair air uairibh leis. Thug na conspaidean mar an ceudna dearbhadh soilleir do dh-àireamh ro mhòr, nach robh aig bhaisteadh leanaban uiread a's faileas do chùl-taic' o fhocal Dè. Bha cia meud do dh-uisge bu chòir a bhi air a ghnàthaichadh a nis na cheist mu 'n robh daoine reusanachadh gu sòluimte; *agus bha crathadh fa dheireadh air a mheas na bu leoир air son gach crioch a bh' aig a bhaisteadh chriosduidh anns an amharc.* Air dha so 'bhi air a dhaingneachadh anns a' bhliadhna 1645, dh'éirich iomadh deas-ghnath chum aithris air le fochaid: ni bhrosnaich feachd luchd baistidh leanaba gu h-anabarrach. Bha Ruairidh Mac Uilleam, a bha nis ann an Sasunn air sgrìob á Eilein *Rhode*, air a bhrosnachadh le fuaradh garbh o fheachd nan eas-cairdean, gu leabhar d' am b' ainm, "GEUR-LEANMHUINN AIR SON COGAIS AM PRIONSPAL FUILTEACH," a chuir a mach. Chuir *Spanheim* a mach leabhar d' am b' ainm, "TRUAIDH-EAN NA GEARMAILT NAN RABHADH DO SHASUNN." Bha e ri fhaicinn gu 'n robh nis guala air a cuir ri guala chum na baistich a chuir fodha. Dh' iarr an naimhdean cuideachadh na pàrlamaid a chum cuir as do ua "mearachdan agus do na beachdan saobh-chreidmheach a bh' air *buadhachadh*, *agus a chomh-*

duich am fearann." Anns a' bhliadh na 1646. Bha e air a bhacadh leis an riaghlaigh do'nà baistich a bh' anns an armait a bhi searmonachadh no baisteadh. A chomhlachadh nan reachdan sin, agus a chumail air ais nan droch crìoch a bh' ac' anns an amharc, chuir na baistich a mach leabhar-aidmheil air an creideamh agus air an cleachduinn, air a labhairt ris a' phàrlamaid, le ainm sea minnistirean-deug air an cur ris. Na chuid eachadh dha so bha leabhar *Bhlaicwood*, d' am b' ainm "STOIRM AN ANA-CRIOSN." Bha na baistich aig an àm so na bu lionmhoire na gach gnè eile bh' anns an fhearrann.

Tha *Russell* ag ràdh "gu 'n robh 'n armait làn do luchd-searmonachaiddh, do luchd-ùrnuighean, agus do dhaoine treuna 'bha do 'n bheachd so," Anns a' bhliadhna 1647, bha 'n saighdearachd agus am prionspalan air an toirt fa' near leis a' phàrlamaid, agus bha reachd air a dheanamh nam fàbhar. Tha e air aideachadh gu'n robh aig an àm so gnè do chràbhadh rifhaicinn a' measg a' chinnich gu leir. Dh'fhairich na baistich, aig an robh an cuid féin anns a chomhstri air son saorsa nis cho cudthromach 's a bha iad anns an rìoghachd, agus nochd iad mòr-chùram air son an tròcair sin fhaotainn air a daingneachadh air bonn seasmhach agus cothromach; ach bha bacadh air a chuir air glòir-mhiann *Chromwell* leis na h-oidheirpean sin, agus chuir e roimhe na baistich athairrachadh o na dreuchdan urramach sin o 'n robh e cosmhail gu 'n éireadh ni air bith gu cuir an aghaidh a sgeumannan. A chum na crìche sin chuir e armait an òrdugh as ùr, a' cuir nam baisteach as gach àite bha inbheach, agus anns an robh bheag an earbsa riù. Ach cha do chum so air ais am fàs: sgaoil iad anns an dùthaich, agus bha e air a ràdh gu'n robh a' chuid bu mliò do réisimeidean an dà chuid, nan each agus na coise a' cumail am beachdan. A chuir bacadh air am fàs, thog na Presbiterianaich an guth an aghaidh a bhi ceadach-

adh do na h-uiléan aineamh ann an nithibh spioradaid, fhuair iad lagh air a dheanamh, chum *co air bith a theireadh gu 'm bheil baisteadh naoidheanan neo-laghail no gun bhrigh, agus gu 'm bheil an leithide sin gu bhi air an tumadh, gu 'm bi e air ordachadh dha a mhearachd a threigsinn, ach mar treig, gu 'm bi e air a chuir am priosan gus am faigh e urras.*

Tha Nial ag ràdh “gu 'n robh àughdarras air a thabhairt do *Mr V. Powell*, ministeir baisteach, a thaobh *Wales*, do bhrìgh gu 'n robh iad a dh' eas-bhuidh meadhonanangràs, agus trìodoidheirpean-san, maille ri oidheirpean cuid eile, gu 'n d'rainig àireamh nam baisteachann am beagan bhliadhna chan fishead mile anns a' chearn sin do 'n rìoghachd.” Anns a' bhliadhna cheudna bha meadhonan air an gnàthachadh le luchd riaghlaidh na rìoghachd a chum Eirinn ath-leasachadh. An so fhuaras gu 'n robh àireamh do dh-eaglaisean baisteach a làthair, agus o 'n àm so bha companas air a ghleidheadh eadar na bràithrean aig an tigh agus iad sin anns an Eilean làmh riu. Mu 'n bhliadhna 1650, tha e soilleir gu 'n robh fàs mòr aig na h-eaglaisean baisteach, agus bha 'n aobhar air a neartachadh lo àireamh do mhinisteirean o 'n eaglais Shasunnaich bhi air a chuir riu. Anns a' bhliadhna 1653, bha cheud chomh-bhann do dh eaglaisean baisteach ann an Sasunn agus ann an *Wales* air a chur ri chéile. Bha cheist a nis air a cur o dhuine gu duine, cia fhad bu chòir do laghanna an t-saoghal agus na h-armaitiùire Chriosduidhean a thoirt suas. Chronaich mòran do na baistich gu follaiseach agus gu ro-gheur dòigh riaghlaidh *Chromwell*; agus bha cuid dhiubh fulang air son a bhi leigeil ris am beachdan mu laghanua na rìoghachd ann an cainnt theith. Dhùisg rùn-suidhichte *Chromwell* a chum na h-uile baisteach a chuir as a riaghadh agus as armaitiùireachd do spiorad dùbhlanach anns na seann saighdearaibh; Agus anns a' bhliadhna 1654, chuir na h-oifigich iarritas,

thuige féilu maille r' a chomhairlo. I ha 'n t-iarrtas so feòraich "nach 'eil do bhailteau beaga agus mòra, do mhòr-roinnean, t-eileana, do chaisteil, do loingeas-cogaidh, do phàilliunna, t-armailt, agus do lùchaint làn do na baistich? Cha-n 'eil eadhon do chomhairle falamh dhiubh; a mhain dh' fhàg sinn do theampuill dhuit féin gu aoradh annta, air chor 's gu 'm bheil sinn a' creidsinn gu 'm bi e na ni cruaidh an toirt as am freumh-aibh." Bha 'n cumhachd cho mòr 's gu'n do thairg Cromwell na mímísteirean baisteach a gabhail a steach do 'n eaglais Shasnnnaich maille ris na h-easbuigean; ach ri so chuir iad cùl. A' faicinn nach deanadh deadh-ghean cùirt' an tàladh, 's nach cuireadh bagraidhean nan tosd iad o bhi geur-chronachadh, ghiùlain e air aghaidh a reachdan le 'n cur as gach àite cudthromach. Goirid an déigh so chaochail e, anns a' bhliadhna 1657, agus an tine ghearr thàinig an dara Tearlach a chum na righ-chathrach. Thug an righ so air cùisibh dol air an ais ré dheich a 's dà fhichoad bliadhna. An déigh na chailleadh do shaibhreas agus do dh-fhuil, dh'fhàg beagan achdan o 'n phàrlamaid na sochairean a bhuannaich iad gu h-inbhe bhig gun bhrìgh. B' éigin do ua baistich douchaiunean do 'n ghnè bu chruaidho fhlang; chuireadh fo tìbhladh iad, phriosanaicheadh iad, chomhtharraicheadh le h-iarrann dearg iad, agus sgapadh o chéil' iad. Bha na nithe cràiteach an-iochdmhor sin air an giùlan le mòran diubh le foighidinn ghaisgeach. Chuir an t-achd a chaidh a dheanamh am fàbhar na muinnitir nach strìochdadadh do 'n eaglais Shasunnaich àireamh bheag do mhini-stirean o 'n eaglais sin r' ar luchd-barail, ach bha na comuinn a bh' air an togail fo 'ministeirealachd do nàdur measgta. Co dhiùbh bha na meadhonan a ghnàthaich an luchd riaghlaidh ann am mìne gu niealladh, no ann an soirbhe thoirt a dh'aindeoin, cha do f'hreagair iad a chrìoch a bh' ac' auns an

amharc. Ghuir na neo-stròchdairean (*Nonconformists*) gu gaisgeil cùl ris gach tairgse air sou iad a ghéilleadh. Tha Sir Seumas Mac-an-Toisich, 'na eachdraidh air an tionndadh-thairis (*Revolution*) ag ràdh, gu 'n d'fhuiling na baistich barrachd air dream air bith eile fo riaghlaigh an dara Tearlaich. Bha na baistich, tha *Burnet* a' toirt fianuis, nan luchd dheadh bhens, agus nan luchd gràidh mhòir; bha iad fad' o bhi ann an réite ris an eaglais Shasunnach; air chor 's nach deanadh nì air bith iomchuidh iad air deadh-ghean agus obair ach saorsa iomlan.

12. Tha *Dr Wall* ag ràdh, nach 'd fhàs na baistich fo rioghachadh an II. Tearlaich. Tha *Mr Hutchinson* a' eur an céill, gu 'n do sgaoil iad anns a' bhliadhna 1676 mar neul thairis air an fhàireagan Shasunnach. Ann an àm so bha 'n àireamh air a mheas mu dheich mile ann an Lunuain agus mu 'n cuairt. Ann a' bhliadhna 1684 bha 'n tighoau coinneamh gu h-iomlan air an dùnadh; agus anns a' bhliadhna 'n déigh sin, chaidh reachdan a dheanamh leis an robh iad air an cur ann an suidheachadh ceart mar a dh' fhairicheadh ceud bliadhna roimho sin: ach ann am meadhon nan innleachdan sgrios sin bhàsaich an righ. Bha aig an II. Seumas a thàinig na àite, fuath nach bu lugha do luehd a' chreideamh ath-leasaichte. Bha mòran do 'n dol-air-leth ann an siorrachd *Shomerset*, agus ann au Siorrainachd *Dhorset*, air am faotainn ann an luib innleachd neo-ghlic a chaidh a dhealbh a chum an dùthai:h a shaoradh o na reachdan sin: ach dh' fhosgail fòirneart an t-slighe air son fear-tearnaidh, ann am pearsa prionns' *Orange*. Eadar toirt air ais an righ, anns a' bhliadhna 1688, agus tionndadh thairis an riaghlaidh, bha o air a mheas gu 'n d' fhuiling 70,000 pearsa air son diadhachd. Bha 8,000 air an cur gu bàs, agus £12,000,000 airgid air a phàigheadh ann au ùbh-ladh.

13. Fhnair an III. Uilleam do na neo-strìochdair-ean achd na saorsa. (*Toleration act.*) Thug an t-achd so saorsa do 'n dol-air-leth. Dh' fhàs na h-eaglaisean baisteach a nis gu mòr. Tha *Dr Wall* ag ràdh, anns a' bhliadhna 1689, do na h-nile luchd-aidmheil a tha sgaradh o 'n eaglais stéidhichte is iad a 's lìonmhoire. Ann an *Essex*, an *Kent*, an *Suffolk*, an *Surrey*, &c., tha iad ro thearc a tha sgaradh o 'n eaglais ach iad féin. Tha iad mar an ceudna nan sgaothan ann an Lunnainn agus na chrìochaibh. Anns a' bhliadhna 1689 chòmhlaich fir-ionaid corr a's ceud eaglais diubh ann an Lunnainn.

14. Goirid an déigh an tionndaidh thairis thug lìonmhoireachd an eaglaisean air na baistich iad féin a dheanamh suas nan dà chomh-bhanu deug. Tha aon do litirichean a' chomh-bhoinn an iar ag aideachadh mòr thoileachadh anns an aonachd, anns a' chomh-chomunn, agus anns an t-sìth a bhuadhaich anns na h-eaglaisean uile. Ach chaidh an soirbheachach so gun dàil a thaobh, gu sònraicht' anns a' chomh-bhoinn Lunnainneach. Bha beachdan *Agricola* air an ath-bheothachadh le *Dr Cripps*, anns a bhliadhna 1696, agus dhearbh iad a bhi nan deoch chodal spioradail do 'n chorpa. Ged a thàinig na bràithrean gn bhi gu mòr air an roinnt mu nithibh a bhuinneadh do dh-eòlas cinn, gidheadh, chnir iad a mach leabhar aidmheil anns a' bhliadhna 1700, ris am bheil làmh ceud eaglais diubh, anns am bheil beachdan Calbhineach agus Trionaideach air an cumail. Bha so a réir coslais air a dheanamh a chur bacadh air na teagasgan Socinianach agus Antinomianach a bha aig an àm so a bagar nan comh-bhann, agus am bliadhna chan ri teachd a gharbh-ghluais, a roinn, 's a dh' ath-roinn, na h-eaglaisean. Mar so air an lagachadh an taobh a stigh, agus fosgailte do chumhachd phrionspalan àrd-eaglaiseach o 'n taobh a mach,

dh 'fhàs an suidheachadh ro chunnartach. Anns a' bhliadhna 1710, bha cuid d' an àitean-aoraidh air an leagail, agus cuid do na bràithrean air an claoigh le reachdan leibideach air son a bhi teagasc muinn-tir eile. Air do 'n ghaillinn a bhi mar so a' bagar, bha na ministeirean Lunnainneach air an dùsgadh suas; agns thug iadsan gairm do dh-eaglaisean na dùthcha gu aonadh maille riu ann an ùrnuigh. Bha 'n dian-iarrtas so ri néamh air a fhreagairt air mhodh comhtharraichte anns a' bhliadhna 1712; agus bha teasairginn air a thabhairt ann an àm na teanntachd. Ach an déigh na cobhair fheumail so shocraich na h-eaglaisean ann an suain chodail. Sgaoil a nis beachdan mi-chreidmheach, Socinianachd, agus pápanachd am fad 's am fagusg. 'S e baisteadh naoidheanan am bonn air an d'thug *Collins* ionnsuidh air aidmheil na firinn anns a' bhliadhna 1724. Rinn a leabhar toirm-ghluasad mòr, agus bha cuig freagraidhean deug thar fhichead air an sgrìobhadh.

Mu mheadhon na linn so chunnacas gu 'n do lughdaich na h-eaglaisean baisteach gu mòr ann an àireamh o thionndadh thairis an fhrithealaidh. Auns an àm a ta làthair 'siad na nithe tha gu sònruicht' air an rannsachadh, nàdur agus farsuingeachd chuiridhean an t-soisgeil, staid nan cinneach borba, agns dleasdanas chriosduidhean an soisgeul a chur d' an ionnsuidh. Bha ceist na tràillealachd air a dian-ghluasad, agus chuir na baistich, anns a bhliadhna 1792, a' cheud iarritas a dh'ionnsuidh parlamaid an aghaidh na marsantachd ghràineil so. Bha nis comainn gus an soisgeul a sgaoileadh air an sònrrachadh, agus dh'fhalbh *Cary* maille ri Tòmas do na h-Innsibh an Ear. Ghabh *Steadman Broughton*, agus *Saffery Shalsbury*, an làmh thoisich ann an saoithreachadh am measg nam bailtean beaga. O'n chunntas aca-san, bha 'n comunn gus an soisgeul a chraobh-sgaoileadh aig

an tigh air a shònachadh. O'n àm sin dh'fhàs iad gu mòr. Aig deireadh na linn so ràinig àireamh nan eaglaisean baisteach ann an Sasunn 326, agus ann an *Wales* 56. Anns a' bhliadhna 1840 bha 'n àireamh ann an Sasunn mu 1250, agus ann an *Wales* mu 244.

Just Published, 36 pp. 18mo, price Twopence, and
Sold by

WILLIAM GILCHRIST, 145 Argyle Street,
Glasgow,

And by all Booksellers throughout the Highlands,

RABHADH AGUS COMHAIRLE
DO

OIGRIDH NA GAELTACHD;

OR

WARNING AND ADVICE TO THE YOUTH
OF THE HIGHLANDS.

By G. M. C.

OPINION OF THE PRESS.

"It is refreshing to the philanthropist to see so many books, embracing varied and useful subjects, issuing in rapid succession from the Gaelic press. This is a sure indication of the demand for such works, as well as of the fact that the schoolmaster is not abroad in the Highlands, and that the people have discovered that "Knowledge is power." Though the unpretending little work now before us bears but the initials of the name of the author, it is, indeed, as the title sets forth, "a Warning and Advice to the Youth of the Highlands on coming to Towns."

The initials (G. M. C.) are not identical with those of any public Celtic writer known to us: but from the correctness and fluency of his idiom, his grammatical preciseness, and his masterly orthography, we should say that the modest author may hereafter associate with his brethren literati in *propria personæ*.

We heartily recommend this little book, which is published at almost a nominal price, to all the young of the Highlands, and to Book and Tract Societies taking an interest in that important portion of our dominions." — *Glasgow Examiner.*

Also, price Fourpence,

LEABHAR POC' A GHAEIL OIG ;

OR

THE YOUNG HIGHLANDERS' BOOK OF
ETIQUETTE.

Translated by L. M'LEAN,
Author of "Adam and Eve," &c. &c.

OPINION OF THE PRESS.

" This little manual—although to some it may appear trifling—is certainly of great importance to the hardy Highlander; and if something of the same nature had been produced half a century ago, it would, undoubtedly, have saved many a modest but awkward Celt from his uncouth manners. Mr M'Lean has on former occasions laid a debt of gratitude on every Highlander who can read his vernacular, and the present token of his good-will to them is not the least of his favours. This work is written in a most vigorous and original style; and had not the accomplished translator acknowledged it to have been taken from the English, no Gaelic reader could suppose it to be a translation. The ideas may be English, but they are so completely clad in the 'Highland garb,' as to pass in any part of the Highlands for genuine Celtic matter."—*Glasgow Examiner.*

Also, price One Shilling,

CARAID NAN GAEL;

OR

THE HIGHLANDERS' FRIEND.

Containing 80 large 8vo pages, double columns.

This is a useful and interesting Miscellany, calculated both to amuse and instruct. It has been compiled by a number of Highland Gentlemen and is, in reality, what the title indicates, "The Highlander's Friend."

In the Press, and shortly will be published, an
ENGLISH METRICAL TRANSLATION
OF
THE SPIRITUAL HYMNS
OF
DOUGALD BUCHANAN,
Late Schoolmaster at Rannach.
—
BY ALEXANDER M'GREGOR, Temper.

For the convenience of Highlanders, it is intended to print a limited number of copies in Gaelic and English, on parallel pages; and it is hereby requested that any who wish to obtain a Gaelic and English copy, will forward his name and address to W. GILCHRIST, 145 Argyle Street, Glasgow. The price of a Gaelic and English copy will not exceed Eightpence, and an English copy alone Fourpence.

